

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Faclan fillte à Faclair Armstrong (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.maclea@bbc.co.uk. This is Litir 776. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 472 corresponds to Litir 776.

Tha sinn ag obair tron aibidil ann an seann fhaclair Armstrong, a’ lorg fhaclan-fillte a tha iongantach no annasach. Agus seo facal dhuibh – *gnùis-nàire*. Gnùis-nàire. Bidh fios agaibh dè th’ ann an nàire – *shame, embarrassment*. Agus gnùis – uill, ’s e sin d’ aodann, no an coltas air d’ aodann. Gnùis-nàire – *bashfulness, shamefacedness*.

Is gann na faclan againn a tha a’ tòiseachadh le ‘h’. Mar sin, thèid sinn gu ‘i’. Agus seo facal – *ion-phòsta*. **Ion-phòsta.** ’S e buadhair a th’ ann. Nuair a tha *ion-air* beulaibh facal eile, tha e a’ ciallachadh *fit for no worthy of*. Tha neach a tha *ion-phòsta* airidh air a bhith pòsta. Tha e *marriageable*.

Agus *lèigh-losgadh*. Lèigh-losgadh. Tha *lèigh* co-cheangailte ri slànachadh, nach eil? Tha e a’ ciallachadh dotair, *physician*. Bidh sibh eòlach air an fhacal *leigheas* – rudeigin a bheir feabhas air neach a tha tinn. Agus *losgadh* – tha sin co-cheangailte ri teas mòr – *burning*. A bheil sibh a’ tuigsinn *lèigh-losgadh a-nise? Cauterization*.

Nise, facal a tha a’ tòiseachadh le ‘m’ – *mòr-roinneach*. Mòr-roinneach. ’S e stàit mhòr-roinneach a th’ ann an Canada – tha i air a roinn ann an diofar mhòr-roinnean. Tha Ontario na mhòr-roinn de Chanada, mar a tha Alba Nuadh. Mòr-roinn – *province*. Mòr-roinneach – *provincial*, air a dhèanamh de mhòr-roinnean.

Nuall-ghuthach. Sin facal dhuibh. Chanamaid gu bheil cuideigin nuall-ghuthach ma tha guth aca a tha a’ dèanamh nuallan. Nuall no nuallan – *a lament, howl, wail, shriek*. Nuall-ghuthach – *having a howling voice no howling, roaring*.

Bu toigh leam gluasad don treas litir dheug anns an aibidil Ghàidhlig – ‘o’. Agus tha facal-fillte brèagha agam dhuibh. ’S e ainmear a th’ ann – *òr-mhadainn*. Ma bhios sibh a’ leughadh bàrdachd Ghàidhlig, ’s dòcha gum bi sibh eòlach air. No air fear car coltach – *òg-mhadainn*. Òr-mhadainn – briseadh an latha, èirigh na grèine, *the break of day*. An t-àm dhen mhadainn nuair a tha solas le dath an òir ann. Chan eil àm nas brèagha na sin, a bheil?

An ath fhacal – *prìomh-sheòl*. Ma tha sibh eòlach air bàtaichean, gu h-àraidh bàtaichean-seòlaidh, ’s dòcha gum bi sin follaiseach. ’S e am prìomh-sheòl, an seòl as motha air gheat. *The mainsail*.

Agus *ruadh-thuil*. Ruadh-thuil. Gu litreachail tha sin a’ ciallachadh *red-brown flood*. Tha e a’ ciallachadh tuil air talamh mòintich far a bheil an t-uisge air a ruadhachadh.

Chan eil ach trì litrichean air fhàgail a-nise – ‘s’, ‘t’ agus ‘u’. Seo fear a’ tòiseachadh le ‘s’ – *seach-labhairt*. Seach-labhairt. Tuigidh sibh labhairt – bruidhinn.

Agus seach – uill, air an taobh, seachad air, mar gum bitheadh. Tha seach-labhairt a’ ciallachadh *speaking allegorically*.

Tuil-dhoras. Sin am facal *tuil* a-rithist. *Tuil-dhoras* – *a flood door*. Dè th’ ann a sin? Uill, dà rud – *a floodgate* air neo *the lock in a canal*. *Tuil-dhoras*.

Agus am facal mu dheireadh – *uim-sheòladair*. Neach a bhios a’ seòladh uime. Tha *uime* stèidhichte air an roimhear *mu*. Tha e a’ ciallachadh *about him* no *about it*. *Uim-sheòladair* – *circumnavigator*. Saoilidh mi gu bheil sinn fhèin air uim-sheòladh gu leòr a dhèanamh timcheall an fhaclair an-dràsta. Beannachd leibh.

* * * * *

Faclan na Litreach: buadhair: *adjective*; slànachadh: *healing*; lèigh-losgadh: *cauterization*; ainmear: *noun*; bàtaichean-seòlaidh: *sailing boats*; gheat: *yacht*; seach-labhairt: *speaking allegorically, allegorising*; tuil-dhoras: *a floodgate, lock in a canal*.

Abairtean na Litreach: ag obair tron aibidil: *working through the alphabet*; a’ lorg fhaclan-fillte a tha iongantach no annasach: *looking for compound words that are noteworthy or unusual*; ’s e sin d’ aodann, no an coltas air d’ aodann: *that’s your face or the look on your face*; is gann na faclan againn a tha a’ tòiseachadh le: *there are very few words that start with*; airidh air a bhith pòsta: *worthy of being married, fit to be married*; rudeigin a bheir feabhas air neach a tha tinn: *something that improves the condition of a person who is sick*; ’s e stàit mhòr-roinneach a th’ ann an Canada:

Canada is a provincial country (ie it is a federation of provinces); air a roinn ann an diofar mhòr-roinnean: *divided into different provinces*; chanamaid gu bheil cuideigin nuall-ghuthach: *we’d say that somebody is nuall-ghuthach*; ma tha guth aca a tha a’ dèanamh nuallan: *if their voice is shrieky*; bu toigh leam gluasad don treas litir dheug anns an aibidil Ghàidhlig: *I’d like to move to the 13th letter in the Gaelic alphabet*; an t-àm dhen mhadainn nuair a tha solas le dath an òir ann: *the time of the morning when the light is golden*; tuil air talamh mòintich far a bheil an t-uisge air a ruadhachadh: *a flood in peaty country where the water is reddened (by tannins)*; saoilidh mi gu bheil sinn fhèin air uim-sheòladh gu leòr a dhèanamh timcheall an fhaclair an-dràsta: *I reckon we have ourselves done enough circumnavigation of the dictionary for now*.

Puing-chànain na Litreach: **Ion-phòsta: marriageable**. *In principle, one ought to be able to construct new ion- words that are not in the dictionary. Examples that are well-known are ionmholta ‘worthy of praise, praiseworthy’, ion-roghnaichte ‘worthy of choice, preferable’ and ion-mhiannaichte ‘worthy of desire, desirable’. What about ion-tòisichte ‘worthy of commencement’, ion-chuidichte ‘worthy of help’ and ion-ghlèidhte ‘worthy of keeping’? Would they work for you? Do you have any other examples?*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Is gann na faclan againn a tha a’ tòiseachadh le ‘h’**: *few are the words we have which start with ‘h’*.

Tha “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” air a maoineachadh le MG ALBA